

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

**F**

Total

--

**1220/401**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2008

WEDNESDAY, 28 MAY  
9.00 AM – 9.40 AM

**GÀIDHLIG**  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Leughadh

**Fill in these boxes and read what is printed below.**

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa  no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**EARRANN A****An Càr**

Bha Calum air deagh oidhche a chur seachad ann an cuideachd a sheanar. Nuair a shocraich Calum e fhèin anns a' chàr, smèid e ris a' bhodach a bha na sheasamh aig an uinneig. Bha e a' faireachdainn comasach a' stiùireadh a' chàir dhachaigh fichead mìle bho thaobh thall an eilein. Bha Calum air a bhith a' còcaireachd ann an taigh-òsta ann am Port Rìgh fad bliadhna is bha an fheòil is na glasraich a rinn e dhan dithis aca air còrdadh glan ri a sheanair. Bha a sheanair a' fàs sean is bha Calum am beachd a dhol gu obair ùr air tìr-mòr a dh'aithghearr. Bha e math cothrom a bhith aca ùine a chur seachad còmhla ri chèile.

**CEISTEAN**

1. Càite an robh Calum air an oidhche a chur seachad?

Aig taigh a charaid	
Aig taigh a sheanar	
Aig taigh a sheanmhar	

**1**

2. Dè cho fada air falbh is a bha taigh Chaluum?

---

**1**

3. Innis mun obair a bha aig Calum.

---



---



---

**3**

4. Dè cho fada is a bha e air a bhith ag obair an-sin?

---

**1**

*Comharraidhean*

5. Dè am biadh a bha e air a dhèanamh an oidhche ud?

---

---

2

6. Dè bha Calum am beachd a dhèanamh a dh'aithghearr?

---

---

2

**(10)**

**[Tionndaidh an duilleag**

**EARRANN B**

B' e oidhche dhubh dhorcha a bha ann agus 's e glè bheag de chàraichean eile a bha air an rathad aig cairteal gu meadhan oidhche. Bha Calum toilichte gu leòr ag èisteachd ri ceòl. Bha aige ri aire a chumail ge tà, oir bhiodh fèidh air an rathad anns a' gheamhradh. Bha tubaist no dhà air a bhith ann air rathaidean an eilein bho chionn ghoirid.

**CEISTEAN**

1. Dè seòrsa oidhche a bha ann?

---



---

**2**

2. Dè cho trang is a bha an rathad?

---

**1**

3. Dè an uair a bha e?

11.15	
11.30	
11.45	

**1**

4. Dè bha Calum a' dèanamh fhad 's a bha e a' dràibheadh?

---

**1**

5. Carson a bha aige ri aire a chumail?

---



---



---

**3**

6. Dè bha air tachairt bho chionn ghoirid?

---

---

2

(10)

**[Tionndaidh an duilleag**

**EARRANN C**

Faisg air an taigh aige fhèin, tha an rathad a' fàs cumhang. Chunnaic Calum solais càir eile a' tighinn is chaidh e a-steach gu oir an rathaid airson a leigeil seachad. Dh'fhuirich e greis gus an tigeadh an càr timcheall an oisein, ach cha do nochd e idir. Thàinig Calum a-mach às a' chàr agus choimhead e mun cuairt air eagal gun deach an càr eile far an rathaid. Cha robh sgeul air solais no rud sam bith eile. Cha b' urrainn do Chalum a thuigsinn. Bha an càr air a dhol a-mach à sealladh.

Bha e duilich an uair sin gun robh e air a bhith ag èisteachd ri sheanair a bha cho math air sgeulachdan innse mu thaibhsean. Dè bha e ag ràdh mun chàr neònach ud a bha a' nochdadh air rathaidean aonranach an eilein an-dràsta is a-rithist?

Leum e a-steach dhan chàr is rinn e air an taigh aig peilear a bheatha . . .

**CEISTEAN**

1. Ciamar a bha an rathad ag atharrachadh faisg air taigh Chalum?

\_\_\_\_\_ 1

2. Dè chunnaic Calum fhad 's a bha e a' dràibheadh?

cuideigin a' coiseachd air an rathad	
solais càir a' tighinn	
fiadh air an rathad	

1

3. Dè rinn e nuair a chunnaic e seo?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 2

4. Dè an t-eagal a bha air Calum nuair nach do nochd an càr eile?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 2

Comharraidhean

5. Dè seòrsa sgeulachdan a bha a sheanair air innse dha?

---

**1**

6. Dè rinn Calum an uair sin?

---

---

---

**3**

**(10)**  
**[30]**

*[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]*

**[DUILLEAG FHALAMH]**



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

--

Total Mark

**1220/404**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2008

WEDNESDAY, 28 MAY  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Èisteachd (Ceistean)

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

**Sanas airson Earrainn A agus Earrainn B.**

Cluinnidh tu earrann.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an trì pàirtean, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist gu faiceallach a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa  no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**CEISTEAN****Earrann A****Pàirt I**

1. Cò mu dheidhinn a tha a' choinneamh?

obair-dachaigh	
cuairt-sgoile	
latha spòrs	

**1**

2. Cuin a bhitheas seo a' tachairt?

anns na saor-làithean	
aig deireadh an teirm	
ann am mìos eile	

**1**

3. Cia mhead sgoilear a bhitheas a' dol ann?

deich	
fichead	
trithead	

**1**

4. Càit am bi iad?

ann an Bhancùbhar	
ann an Alba Nuadh	
ann an ceann a tuath Chanada	

**1**

5. Dè cho fada 's a bhitheas iad ann?

---

**1**

**Pàirt II**

6. Carson a tha Mgr Caimbeul toilichte leis na sgoilearan?

---

**1**

7. Dè chùim na sgoilearan o chionn mìos?

madainn chofaidh	
taisbeanadh ealain	
fèill-reic	

**1**

8. Dè bha na sgoilearan a' dèanamh anns a' bhùth?

---

---

**2**

9. Dè chosgais an turas?

ceud nota	
dà cheud nota	
trì cheud nota	

**1**

**[Tionndaidh an duilleag**

**Pàirt III**

10. Cò às a bhitheas iad a' falbh?

---

**1**

11. Càit am fuirich iad an oidhche mum falbh iad?

---

---

**2**

12. Cia mheud plèana a ghabhas iad uile gu lèir?

1	
2	
3	

**1**

13. Dè cho fada 's a bhitheas iad air a' phlèana a-null gu Canada?

trì uairean a thìde	
còig uairean a thìde	
seachd uairean a thìde	

**1****(15)**

**Earrann B****Pàirt I**

1. Dè an seòrsa àite a tha ann an Ceap Breatainn?

baile beag	
baile mòr	
eilean	

1

2. Càit a bheil Ceap Breatainn?

---

---

2

3. Cò ris a tha Ceap Breatainn coltach?

an còrr de Chanada	
Galltachd na h-Alba	
Gàidhealtachd na h-Alba	

1

4. Cuin a thàinig na Gàidheil gu Ceap Breatainn?

50 bliadhna air ais	
100 bliadhna air ais	
150 bliadhna air ais	

1

**[Tionndaidh an duilleag**

**Pàirt II**

5. Dè tha air innse mun chloinn leis am bi na sgoilearan a' fuireach?

tha iad nas sine	
tha iad an aon aois	
tha iad nas òige	

**1**

6. Dè bhitheas a' chlann seo a' dèanamh gach latha?

a' tighinn air na cuairtean	
a' dol don sgoil	
a' fuireach aig an taigh	

**1**

7. Dè bhitheas a' chlann seo a' sealltainn dhaibh?

---

---

**2**

8. Carson a tha a' chlann seo ag iarraidh Gàidhlig a chluinntinn?

's e Gàidhlig a' chiad chànan aca	
tha iad ag ionnsachadh Gàidhlig	
bu toil leotha cànan eile a chluinntinn	

**1**

**Pàirt III**

9. Dè tha aig cuid de na sgoilearan ri fhaighinn fhathast?

cairtean-siubhail	
tiogaidean	
cead bhom pàrantan	

**1**

10. Dè thachras mur a faigh na sgoilearan an rud seo?

---

**1**

11. Dè tha aig na sgoilearan ri thoirt dhachaigh?

---

**1**

12. Dè am fiosrachadh a gheibh pàrantan nan sgoilearan?

---

---

**2****(15)****[30]**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**



**1220/405**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2008

WEDNESDAY, 28 MAY  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Èisteachd (Earrann)

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



**(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)**

## **EARRANN A**

Tha buidheann de sgoilearan à Àrd-sgoil Baile an Loch a' dol gu Canada. Tha an neach-teagaisg, Mgr Caimbeul, a' cumail coinneamh mu dheidhinn.

### **Pàirt I**

Fàilte oirbh chun na coinneimh seo agus mòran taing airson a thighinn. Nise, mar a tha fios agaibh, tha sinn an dùil a dhol air cuairt-sgoile a-null a Chanada aig toiseach nan saor-làithean. Bidh buidheann de fhichead sgoilear bho Roinn na Gàidhlig agus ceathrar luchd-teagaisg a' dol ann. Bidh sinn a' fuireach ann am pàirt de Chanada ris an canar Alba Nuadh airson cola-deug.

### **Pàirt II**

Tha mi gu math pròiseil às an dòigh anns a bheil sibh air na cosgaisean a chumail sìos. Bha an fhèill-reic a chùim sibh o chionn mìos gu h-àraidh soirbheachail. Cuideachd, rinn sibh obair mhòr aig a' bhùth Disathairne sa chaidh le bhith a' cur biadh is rudan eile ann am pocannan. Mar sin, cha chosg an turas ach dà cheud nota an duine agus 's e prìs air leth math a tha seo.

### **Pàirt III**

Bidh sinn a' falbh à Port-adhair Ghlaschu aig ochd uairean sa mhadainn. Fuirichidh sinn ann an taigh-òsta faisg air a' phort-adhair an oidhche mun falbh sinn. Bidh sinn an toiseach a' siubhal sìos a Lunnainn. An uair sin, bidh sinn a' gabhail plèana eile gu Halifax, prìomh bhaile Alba Nuaidh. Bheir an turas anns a' phlèana eadar Lunnainn agus Halifax seachd uairean a thìde.

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

### **Pàirt I**

Fàilte oirbh chun na coinneimh seo agus mòran taing airson a thighinn. Nise, mar a tha fios agaibh, tha sinn an dùil a dhol air cuairt-sgoile a-null a Chanada aig toiseach nan saor-làithean. Bidh buidheann de fhichead sgoilear bho Roinn na Gàidhlig agus ceathrar luchd-teagaisg a' dol ann. Bidh sinn a' fuireach ann am pàirt de Chanada ris an canar Alba Nuadh airson cola-deug.

*(10 seconds)*

### **CEISTEAN**

1. Cò mu dheidhinn a tha a' choinneamh?

obair-dachaigh

cuairt-sgoile

latha spòrs

*(30 seconds)*

2. Cuin a bhitheas seo a' tachairt?

anns na saor-làithean

aig deireadh an teirm

ann am mìos eile

*(30 seconds)*

3. Cia mheud sgoilear a bhitheas a' dol ann?

deich

fichead

trithead

*(30 seconds)*

4. Càit am bi iad?

ann an Bhancùbhar

ann an Alba Nuadh

ann an ceann a tuath Chanada

*(30 seconds)*

5. Dè cho fada 's a bhitheas iad ann?

*(30 seconds)*

## **Pàirt II**

Tha mi gu math pròiseil às an dòigh anns a bheil sibh air na cosgaisean a chumail sìos. Bha an fhèill-reic a chùim sibh o chionn mìos gu h-àraidh soirbheachail. Cuideachd, rinn sibh obair mhòr aig a' bhùth Disathairne sa chaidh le bhith a' cur biadh is rudan eile ann am pocannan. Mar sin, cha chosg an turas ach dà cheud nota an duine agus 's e prìs air leth math a tha seo.

*(10 seconds)*

## **CEISTEAN**

6. Carson a tha Mgr Caimbeul toilichte leis na sgoilearan?

*(30 seconds)*

7. Dè chùim na sgoilearan o chionn mìos?

madainn chofaidh

taisbeanadh ealain

fèill-reic

*(30 seconds)*

8. Dè bha na sgoilearan a' dèanamh anns a' bhùth?

*(30 seconds)*

9. Dè chosgas an turas?

ceud nota

dà cheud nota

trì cheud nota

*(30 seconds)*

**[Tionndaidh an duilleag**

### **Pàirt III**

Bidh sinn a' falbh à Port-adhair Ghlaschu aig ochd uairean sa mhadainn. Fuirichidh sinn ann an taigh-òsta faisg air a' phort-adhair an oidhche mum falbh sinn. Bidh sinn an toiseach a' siubhal sìos a Lunnainn. An uair sin, bidh sinn a' gabhail plèana eile gu Halifax, prìomh bhaile Alba Nuaidh. Bheir an turas anns a' phlèana eadar Lunnainn agus Halifax seachd uairean a thìde.

*(10 seconds)*

#### **CEISTEAN**

10. Cò às a bhitheas iad a' falbh?

*(30 seconds)*

11. Càit am fuirich iad an oidhche mum falbh iad?

*(30 seconds)*

12. Cia mheud plèana a ghabhas iad uile gu lèir?

1

2

3

*(30 seconds)*

13. Dè cho fada 's a bhitheas iad air a' phlèana a-null gu Canada?

trì uairean a thìde

còig uairean a thìde

seachd uairean a thìde

*(30 seconds)*

(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

## EARRANN B

Tha an neach-teagaisg, Mgr Caimbeul, ag innse barrachd mun ghnothaich aig a' choinneimh.

### Pàirt I

Fhad 's a bhitheas sinn ann an Canada, bidh sinn a' fuireach air Eilean Cheap Bhreatainn – eilean brèagha air taobh an ear na dùthcha. 'S e sgìre a tha seo a tha glè choltach ri Gàidhealtachd na h-Alba. Thàinig na mìltean de Ghàidheil chun an eilein o chionn ceud gu leth bliadhna agus tha Gàidhlig air a bruidhinn ann chun an latha an-diugh.

### Pàirt II

Bidh sibh a' fuireach còmhla ri cloinn a tha an aon aois ribh fhèin. Bidh iadsan a' tighinn còmhla rinn a h-uile latha air na cuairtean againn. 'S e an obair a bhitheas aca a bhith a' sealltainn dhuinn na rudan inntinneach a tha air an eilean. Tha a' chlànn seo ag ionnsachadh Gàidhlig agus tha iad air iarraidh oirnn gum bruidhinn sinn an cànan nuair a tha sinn còmhla riutha.

### Pàirt III

Nise, rud no dhà anns an dealachadh. Tha mi a' dèanamh a-mach gu bheil cairtean-siubhail aig a' mhòr-chuid a-nise ach tha duine no dithis a dh'fheumas seo a chur air dòigh cho luath 's a ghabhas. Gun chairt-siubhail, chan fhaigh duine a-mach às an dùthaich seo. Cuimhnichibh cuideachd leth-bhreac den litir a tha air a' bhòrd aig an doras a thoirt dhachaigh gu ur pàrantan. Anns an litir seo, gheibh ur pàrantan beagan fiosrachaidh mu na teaghlaichean leis am bi sibh a' fuireach fhad 's a tha sibh thall ann an Canada.

\* \* \*

(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

### Pàirt I

Fhad 's a bhitheas sinn ann an Canada, bidh sinn a' fuireach air Eilean Cheap Bhreatainn – eilean brèagha air taobh an ear na dùthcha. 'S e sgìre a tha seo a tha glè choltach ri Gàidhealtachd na h-Alba. Thàinig na mìltean de Ghàidheil chun an eilein o chionn ceud gu leth bliadhna agus tha Gàidhlig air a bruidhinn ann chun an latha an-diugh.

*(10 seconds)*

### CEISTEAN

1. Dè an seòrsa àite a tha ann an Ceap Breatainn?

baile beag

baile mòr

eilean

*(30 seconds)*

2. Càit a bheil Ceap Breatainn?

*(30 seconds)*

3. Cò ris a tha Ceap Breatainn coltach?

an còrr de Chanada

Galltachd na h-Alba

Gàidhealtachd na h-Alba

*(30 seconds)*

**[Tionndaidh an duilleag**

4. Cuin a thàinig na Gàidheil gu Ceap Breatainn?

50 bliadhna air ais

100 bliadhna air ais

150 bliadhna air ais

*(30 seconds)*

**Pàirt II**

Bidh sibh a' fuireach còmhla ri cloinn a tha an aon aois ribh fhèin. Bidh iadsan a' tighinn còmhla rinn a h-uile latha air na cuairtean againn. 'S e an obair a bhitheas aca a bhith a' sealltainn dhuinn na rudan inntinneach a tha air an eilean. Tha a' chlann seo ag ionnsachadh Gàidhlig agus tha iad air iarraidh oirnn gum bruidhinn sinn an cànan nuair a tha sinn còmhla riutha.

*(10 seconds)*

**CEISTEAN**

5. Dè tha air innse mun chloinn leis am bi na sgoilearan a' fuireach?

tha iad nas sine

tha iad an aon aois

tha iad nas òige

*(30 seconds)*

6. Dè bhitheas a' chlann seo a' dèanamh gach latha?

a' tighinn air na cuairtean

a' dol don sgoil

a' fuireach aig an taigh

*(30 seconds)*

7. Dè bhitheas a' chlann seo a' sealltainn dhaibh?

*(30 seconds)*

8. Carson a tha a' chlann seo ag iarraidh Gàidhlig a chluinntinn?

's e Gàidhlig a' chiad chànan aca

tha iad ag ionnsachadh Gàidhlig

bu toil leotha cànan eile a chluinntinn

*(30 seconds)*

### **Pàirt III**

Nise, rud no dhà anns an dealachadh. Tha mi a' dèanamh a-mach gu bheil cairtean-siubhail aig a' mhòr-chuid a-nise ach tha duine no dithis a dh'fheumas seo a chur air dòigh cho luath 's a ghabhas. Gun chairt-siubhail, chan fhaigh duine a-mach às an dùthaich seo. Cuimhnichibh cuideachd leth-bhreac den litir a tha air a' bhòrd aig an doras a thoirt dhachaigh gu ur pàrantan. Anns an litir seo, gheibh ur pàrantan beagan fiosrachaidh mu na teaghlaichean leis am bi sibh a' fuireach fhad 's a tha sibh thall ann an Canada.

*(10 seconds)*

### **CEISTEAN**

9. Dè tha aig cuid de na sgoilearan ri fhaighinn fhathast?

cairtean-siubhail

tiogaidean

cead bhom pàrantan

*(30 seconds)*

10. Dè thachras mur a faigh na sgoilearan an rud seo?

*(30 seconds)*

11. Dè tha aig na sgoilearan ri thoirt dhachaigh?

*(30 seconds)*

12. Dè am fiosrachadh a gheibh pàrantan nan sgoilearan?

*(30 seconds)*

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**